

PLANA - AM BLITZ: AITHISG NAIDHEACHD



Eòlasan agus Builean

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil. **SOC 2-06a**



Ceangalan eadar-chuspaireil

Trom ionnsachadh air fad, is urrainn dhomh goireasan-siridh bhunan eileagtronaigeach a chleachdadh, airson fiosrachadh a lorg agus fhaighinn air ais, agus is urrainn dhomh aithneachadh cho cudromach 's a tha seo nam àite ionnsachaidh, aig an taigh agus san àite obrach. **TCH 2-03b**

'S urrainn dhomh fuaimean, teacsa agus ìomhaighean a chruthachadh, a ghluacadh agus atharrachadh, airson bruidhinn mu m' fhein-fhiosrachadh, beachdan agus fiosrachadh ann an dòighean cruthachail agus tarraingeach. **TCH 2-04b**



Co-theacsa, Goireasan agus Gnìomhan

Leig fios gu bheil na sgoilearan a' dol a sgrìobhadh duilleag-aghaidh pàipear-naidheachd mu na h-ionnsaighean a thug bomairean Gearmailteach air factaraidhean armachd agus gàrraidhean shoithichean Taobh Chluaidh.

Làrach Foghlam Alba, Eachdraidh na h-Alba

<http://gaidhlig.educationscotland.gov.uk/scotlandshistory/20thand21stcenturies/worldwarII/clydebankblitz/index.asp>

Stòrlann

Goireas Stòrlann: Duilleag-aghaidh An t-Albannach le sgeulachd mu Bhlitz Abhainn Chluaidh.



Cleachd na ceangalan gu h-àrd gus aire na cloinne a tharraing gu na tachartasan air 13 is 14 Màrt 1941.

Leig leotha rannsachadh a dhèanamh. Ghabhadh seo a dhèanamh ann am buidheannan beaga gus còmhradh a bhrosnachadh am measg sgoilearan.

Seall ri eisimpleirean de sheann phàipearan-naidheachd bho àm a' chogaidh gus faicinn an dreach a bh' orra agus an stoidhle sgrìobhaidh a bh' aig an luchd-naidheachd aig an àm.

Leig leis na sgoilearan leughadh mun Bhlitz agus meòrachadh mu na tachartasan.

Brosnaich còmhradh mu carson a chaidh Taobh Chluaidh a thaghadh mar thargaid agus a' bhuidheann a bh' aig na h-ionnsaighean air na daoine agus air a' bhaile.

Cleachd duilleag-aghaidh An t-Albannach gus aire na cloinne a thoirt gu dealbh-chruth na duilleig agus bruidhinn air an stoidhle foirmeil ann am briathrachas an neach-naidheachd.

Cuir sgoilearan ann am pàidhrichean gus facail chudromach agus abairtean a thogail. Dè na facail a tha a' toirt dealbh soilleir mu bhuidheann nan ionnsaighean?

Meòraich air an dòigh anns a bheil dealbhan agus fo-thiotalan air an cleachdadh ann am pàipear-naidheachd. Dè a' bhuidheann a th' aca air an leughadair?

Iarr air na sgoilearan aithisg naidheachd a sgrìobhadh mun Bhlitz ann an riochd duilleag-aghaidh pàipear-naidheachd.

Smaoinich air Builean Soirbheachaidh airson a' ghnìomh seo.

Measadh

CRUTHAICH

DÈAN

CAN

SGRÌOBH

Sgrìobh aithisg naidheachd mun Bhlitz ann an riochd duilleag-aghaidh pàipear-naidheachd.



HOTS – Sgilean Breithneachaidh

A' dèanamh anailis



A' cur gu feum



A' cruthachadh



A' luachadh



A' cuimhneachadh

A' tuigsinn



Na Ceithir Comasan

Soirbheachail:

'S urrainn dhomh ceangalan a dhèanamh nam ionnsachadh.

Misneachail:

'S urrainn dhomh m' obair a thaisbeanadh ann an dòighean ùra

Cunntasach:

Èifeachdach:



Sgilean:

A' taghadh agus a' cleachdadh fiosrachadh

A' sgrìobhadh